

## Bòrd MG ALBA

14/6/24, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Calum Steele, Catriona Mhoireach, Daibhidh Byrne [air-loidhne], Rhoda NicDhòmhnaill (gu puing 13)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Mairead Chamshron, [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)  
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais & Oighreachd) (*Airson puingean 1-7*)  
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh)  
Sarah NicDhòmhnaill [SN] (*Airson puing 10*)

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC)  
(*Airson puing 7*)

### 1. Leisgeulan

Lachlan Peel

### 2. Gnothach dearbhte

2.1 Thog Ingrid NicEanraig gu bheil i air pìos obrach a dhèanamh le Sunset + Vine. Chaidh aontachadh leis a' Bhòrd gum b' urrainn dhith a bhith an làthair aig puing 18 ri linn 's nach robh co-dhùnaidhean gan gabhail.

2.2 Cha robh gin eile.

### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (28/2/24 & 22/3/24)

- 3.1 Chaidh na geàrr-chunntasan a mholadh le Rhoda NicDhòmhnaill agus a dhaingneachadh le Marion Nic na Ceàrdaich.

#### **4. Comataidhean**

*Comataidh Lèirsinn - 13/5/24*

- 4.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 13/5/24.
- 4.2 Ghabh am Bòrd ri fèin-mheasaidh na Comataidh airson 2023-24 agus ri plana obrach na Comataidh airson 2024-25.
- 4.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

*Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh – 28/5/24*

- 4.4 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 28/5/24.
- 4.5 Ghabh am Bòrd ri fèin-mheasaidh na Comataidh airson 2023-24 agus ri plana obrach na Comataidh airson 2024-25.
- 4.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

#### **5. Aithris a' Chathraiche**

- 5.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 5.2 Dh'innis an Cathraiche gun robh e fhèin agus an Àrd-Oifigear ann an Lunnainn aig Taigh nam Morairean a' bruidhinn ris a' Mhorair Dunlop ann an coinneamh thar-phàrtaidh mu Bhile nam Meadhanan. Bha cùisean le atharrachadh Gàidhlig ann am Bile nam Meadhanan ann an suidheachadh math mus deach Taghadh Coitcheann ainmeachadh. Nuair a thachair seo, bhathar ann an cabhag crìoch a chur air cùisean (leithid Bile nam Meadhanan) mus tàinig an riaghaltas ùr a-steach. Mar thoradh, cha deach ach aon moladh troimhe a chaidh a chur air adhart airson Bile nam Meadhanan (cha b' e fear MG ALBA a bh' ann). Tha an Cathraiche a-nis a' coimhead air adhart ri riaghaltas ùr agus mar a 's urrainn dhaibh taic a chumail ri na meadhanan Gàidhlig.
- 5.3 Leis mar a chaidh com-pàirteachas MG ALBA agus a' BhBC ùrachadh tha dùil gum bi an Cathraiche an làthair turas gach bliadhna aig *Scotland Committee* a' BhBC.

- 5.4 Thadhail Stiùiriche a’ BhBC, Tim Davie, air oifis MG ann an Steòrnabhagh agus cuideachd air seata *An t-Eilean* anns Na Hearadh. Bha ùidh aige ann an obair MG ALBA agus tha e gu mòr airson taic a chumail ri BBC ALBA agus Gàidhlig san fharsaingeachd.
- 5.5 Dh’iarr *The Sun* air an Cathraiche artaigeal a sgrìobhadh mun chunntas-sluaigh a chaidh fhoillseachadh bho chionn beagan sheachdainean. Tha an Cathraiche cuideachd air artaigealan a sgrìobhadh airson am *Press & Journal* agus *The Herald*.
- 5.6 Chaidh litrichean bhon a’ Chathraiche gu Prìomh Mhinistear na h-Alba, John Swinney, agus Leas Phrìomh Ministear na h-Alba, Ceit Fhoirbheis, gus meal-a-naidheachd a chur orra sna h-obraichean ùra aca. Tha an Leas Phrìomh Mhinistear air tilleadh ag ràdh gun còrdadh e rithe tadhal air MG ALBA ann an Steòrnabhagh. Tha i air innse gu bheil i cuideachd air aithisg EY a leughadh is i ag aontachadh gu bheil Gàidhlig fìor chudromach don eaconamaidh.
- 5.7 Chùm Sabhal Mòr Ostaig tachartas ann am Pàrlamaid na h-Alba gus 50 bliadhna dhen a’ cholaiste a chomharrachadh. Bha DC an làthair agus fhuair e cothrom bruidhinn ri Prìomh Ministear na h-Alba mun a’ Ghàidhlig – agus dh’aontaich e gun robh e cudromach agus gun robh e deònach taic a chumail rithe.
- 5.8 Dh’innis an Cathraiche gu bheil aithisg EY air a bhith soirbheachail ann a bhith a’ glacadh aire luchd-poilitigs.
- 5.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

## **6. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.
- 6.2 A thuilleadh air na bh’ air beulaibh bhall, chaidh innse gu bheil Scott Smyth, Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd, ag obair air èifeachdachd taobh a-staigh na buidhne.
- 6.3 Thog Calum MacLeòid gu bheil e cudromach sgeulachdan an luchd-cruthachaidh susbaint (*Content Creators*) agus com-pàirtichean bhon sgeama-thrèanaidh innse, gus am bi luchd-ùidh mothachail air an obair mhath a tha MG ALBA a’ dèanamh.
- 6.4 Dh’innis MC gun do chuir 120 neach a-steach airson na sia beàrnan a bha air an sgeama-trèanaidh dràma.
- 6.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear.

## 7. Dèanadas agus Cunntasan Q4

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail. Bha Ceannard Craoladh Gàidhlig a' BhBC an làthair airson am barrachd mìneachaidh a thoirt seachad air dèanadas BBC ALBA.
- 7.2 A thuilleadh air na bh' air beulaibh bhall, dh'innis MM gun robhar a' coimhead air meòrachan còrdaidh a dhealbhadh airson cur an-cèill mar a bhiodh a' chom-pàirteachas eadar a' BhBC agus MG ALBA ag obair.
- 7.3 Dh'innis MM mar a chaidh dà neach-obrach ùra fhadastad leis a' BhBC ann an naidheachdan didseatach.
- 7.4 Dh'innis MM gu bheil e ag ùrachadh seirbheisean Gàidhlig taobh a-staigh goireasan Bitesize, le **[fios glèidhte]** a' dol don t-seirbheis.
- 7.5 Bhruidhinn MM air sgeama maoinachaidh ùr do dhaoine òga, a rachadh a stèidheachadh ann an co-bhonn eadar MG ALBA agus a' BhBC. Thèid naidheachdan mun sgeama seo fhoillseachadh san ùine ghoirid air thoiseach.
- 7.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail, dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear.

## 8. Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (EDI) & Slighe gu Net Zero (P2NZ)

- 8.1 A thuilleadh air na bh' air beulaibh bhall, dh'innis Cathraiche Chomataidh Lèirsinn gun robh sgrùdadh EDI a' tachairt agus gu robh Curaidh EDI, ag obair air seo. Thathar cuideachd a' faighinn stiùireadh co-chomhairliche air seo.
- 8.2 Dh'innis UML gu bheil e ag obair air pàipear airson P2NZ.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** às dèidh do bhuill beachdachadh air fiosrachadh a bha sna pàipearan, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas (EDI) & Slighe gu Net Zero (P2NZ), agus gu robh iad a' moladh adhartas a dhèanamh san dà roinn obrach sin.

## 9. Dearbhadh: Frèam-obrach + Clàr Riosgan

- 9.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall.
- 9.2 A thuilleadh air na bha sna pàipearan, dh'innis Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh gun robh deasbad aig a' choinneamh Comataidh mu dheireadh air

prìomhachasan neartachaidh aig an treas ìre dearbhaidh. Thèid plana in-sgrùdaidh a chur an gnìomh.

9.3 Chaidh faighneachd an robh an tuilleadh obrach a dhìth air planadh leantainneachd agus chaidh aontachadh gu robh.

9.4 **Co-dhùnadh:** às dèidh deasbaid, bha buill riarachtaiche gu bheil gnìomhan gan dèanamh gus na riosgan a làimhseachadh.

9.5 **Gnìomh:** Thèid planadh leantainneachd a chur air clàr gnothaich na h-ath choinneamhan de Chomataidhean Sgrùdaidh is Dearbhaidh agus Lèirsinn. **(MAMI)**

## **10. Cunntasan Reachdail 2023-24 / Aithisg an Luchd-sgrùdaidh**

10.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall airson aonta.

10.2 Rinn DC aithris air Cunntasan Reachdail airson 2023-24 agus air Aithisg an Luchd-sgrùdaidh agus chaidh còmhradh a chumail.

10.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche agus chaidh Cunntasan Reachdail airson 2023-24 aontachadh.

## **11. Aithisg Bhliadhnail 2023-24 & conaltradh**

11.1 Bha teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail agus pàipearan-taic air beulaibh bhall airson aonta.

11.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche agus chaidh na pàipearan aontachadh.

## **12. Luchd-ùidhe**

12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le na naidheachdan as ùire air luchd-ùidhe.

12.2 Dh'innis RN gun robhar sa phròiseas gus ceann-latha a chur air dòigh airson Leas Phrìomh Ministear na h-Alba tadhal air oifis MG ALBA ann an Steòrnabhagh.

12.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche leis an fhiosrachadh a bha sa phàipear.

## **13. Cruth-atharrachadh**

13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall airson deasbad.

13.2 Rinn DC mìneachadh air cuid de na gluasadan as motha a bha air beulaibh nam meadhanan Gàidhlig, a thaobh cànan, coimhearsnachd, cleachdadh, sgilean agus maoineachadh. Chaidh iomradh a thoirt air diofar roghainnean airson MG ALBA.

13.3 **Co-dhùnadh:** chaidh aontachadh seo a dheasbad air latha Ro-Innleachd as t-Samhradh no as t-Fhoghair, leis cho mòr 's a tha an cuspair.

#### **14. Cothroman coimearsalta**

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall airson deasbad.
- 14.2 Bha am Bòrd fàbharach do chleachdaidhean nas coimearsalta ann am prionnsabal fhad 's nach robh cuingealachdan laghail ann.
- 14.3 **Co-dhùnadh:** chaidh aontachadh leis a' Bhùird an cuspair seo a dheasbad air latha Roinnleachd agus gu rachadh comhairle laghail a ghabhail.

#### **15. Amasan & Prìomh Thoraidhean 2024/25**

- 15.1 Bha pàipear air beulaibh a' bhall a' mìneachadh amasan agus prìomh thoraidhean 2024/25.
- 15.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air amasan agus prìomh thoraidhean 2024/25, dhearbhadh am Bòrd gun robh iad riarachtaichte leotha.

#### **16. Ath-cur-an-dreuchd an Luchd-sgrùdaidh**

- 16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fios air ath-cur-an-dreuchd an luchd-sgrùdaidh, Saffery.
- 16.2 **Co-dhùnadh:** dhearbhadh am Bòrd gun robh iad uile riarachtaichte.

#### **17. Ùghdarras phrògraman - Glan Fhèin S2**

- 17.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a chosg air an dàrna sreath de *Glan Fhèin S2*.
- 17.2 Chumar deasbad eadar buill. Bha fòcas an deasbaid air ciamar as urrainn fianais a shealltainn mu luach an airgid tro àireamhan agus ìrean toileachais an luchd-coimhid agus tro nithean eile leithid ìrean misneachd agus sgilean sgrìobhaidh is cleasachd.
- 17.3 **Co-dhùnadh:** Às dèidh deasbaid, chaidh ùghdarras a thoirt seachad le iarrtas gu rachadh an tuilleadh rannsachaidh a shealltainn air na h-adhbharan a bhathas a' measadh cuid a phrògraman mar soirbheachail air BBC ALBA agus airidh air tilleadh agus cuid eile nach robh.
- 17.4 **Gnìomh:** thèid seo a chur an gnìomh. (MC)

#### **18. Sùil air adhart – cùmhnantan Spòrs**

- 18.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fios as ùra air cùmhnantan spòrs.
- 18.2 Chaidh aontachadh eadar buill gun robh iad riarachtaichte le obair riochdaire Spòrs aig MG ALBA agus nach robh bacadh air luchd-obrach còmhruidhean a thòiseachadh a dh'fhaodadh leantainn gu sìneadh cùmhnaint, nam biodh sin iomchaidh.

18.3 Thog aona bhall gur dòcha gum b' fhiach e bruidhinn ris an Riaghaltas gus faighinn a-mach am biodh taic sam bith ann airson spòrs, gu sònraichte airson an SWPL, leis gu bheil e a' buntainn ri slàinte a' mhòr t-sluaigh.

18.4 **Co-dhùnadh:** às dèidh do bhuill beachdachadh air fiosrachadh a bha sa phàipear, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu cùmhnanntan spòrs agus nach robh bacadh air luchd-obrach còmhraidhean a chumail mun ùine seachad air crìoch a' chùmhnaid.

## 19. GISBE

19.1 Cha robh gin

20. **Deit na h-ath choinneimh** – 26/9/24, Steòrnabhagh